

Comhairle na Gàidhealtachd

Geàrr-chunntas coinneamh **Comataidh na Gàidhlig** a chumadh ann an Seòmar na Comhairle, Prìomh Oifis na Comhairle, Rathad Ghlinn Urchadain, Inbhir Nis, air Diciadain, 27 Lùnastal 2025 aig 2f.

An làthair:

Mgr R Bremner
A' Bh-uas I Chaimbeul
A' Bh-uas S Fanet
Mgr I Grafton (air astar)
Dr M Gregson
Mgr P Logue

Mgr A Mac an Tòisich
Mgr U MacAoidh (air astar)
A' Bh-uas C NicIlleathain (ball-ionaid) (air astar)
Mgr D Mac a' Mhuilleir
A' Bh-uas M NicPheadrais

Neo-Bhuill an làthair:

A' Bh-uas C NicGilleÌosa Mgr D Mac a' Phearsain

A' frithealadh na coinneimh:

Mgr D MacIlleDhuinn, Àrd-Oifigear
A' Bh-uas C Lackie, Iar-Àrd-Oifigear – Daoine
A' Bh-uas B Martin-Scott, Àrd-Oifigear – Foghlam Thràth-bhliadhnaichean is Bun-sgoile
A' Bh-uas L Walker, Manaidsear Leasachaidh na Gàidhlig
A' Bh-uas E Rodgers, Oifigear Poileasaidh Gàidhlig
A' Bh-uas S NicIlleInnein, Manaidsear Cho-Sheirbheisean Deamocratach
A' Bh-uas G Nic a' Phearsain, Oifigear Comataidh

Cuideachd a' frithealadh na coinneimh:

Mgr M Vass, Manaidsear Ionad a' Chiùil Thraidiseanta, Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd
A' Bh-uas D Ghreumach, Oide, Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd
Anna, Fiona, Leona agus Seumas – sgoilearan Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd
Mgr D Ansdell, Ceannard Gàidhlig agus Albais airson Riaghaltas na h-Alba

Tha rionnag air iomall na duilleige a' comharrachadh moladh a thèid chun na Comhairle. Tha co-dhùnaidhean gun chomharra fo ùghdarras na Comataidh.

Mgr D Mac a' Mhuilleir anns a' Chathair

Gnòthach

1. Gairm a' Chlàir agus Leisgeulan

Thugadh leisgeul seachad às leth Mhgr I MhicIlleDhuinn agus Mhgr S Coghill.

2. Foillseachaidhean Com-pàirt/Aithris Fhollaiseachd

Cha tugadh seachad Foillseachaidhean Com-pàirt no Aithrisean Follaiseachd.

3. Cumhachdan Fosaìdh

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** nach fheumadh na cumhachdan fosaìdh a bha air am buileachadh aig a' choinneimh air 26 Ògmhios 2025 a bhith air an cleachdadh a thaobh Comataidh na Gàidhlig.

4. Naidheachdan Matha

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR** do na Naidheachdan Matha a leanas:-

- bha Riaghaltas na h-Alba air aonta a thoirt do dh'iarrrtas airson maoinachadh calpa a bha Comhairle na Gàidhealtachd air a chur a-steach gus taic a thoirt do bhith a' ceannach stiùidio clàraidh airson an Ionaid Shàr-mhathais ann an Ceòl Traidiseanta aig Àrd-Sgoil a' Phluic. Bheireadh seo neartachadh is taic do bhith a' leantainn air adhart a' libhrigeadh foghlam de chàileachd àrd ann an ceòl traidiseanta agus, a bharrachd air a bhith a' leasachadh na h-àrainneachd ionnsachaidh, neartaicheadh seo comas an Ionaid gus dualchas ciùil na h-Alba a ghleidheadh is a bhrosnachadh;
- bha an t-àrdachadh san àireimh phasaichean a bha sgoilearan air a choileanadh ann an deuchainnean Gàidhlig agus Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig na adhbhar brosnachaidh;
- bha Fèis Bhlas a-rithist gu bhith a' toirt seachad raon de thachartasan ciùil is cultarach ann an grunn àiteachan air feadh na Gàidhealtachd;
- chaidh gach soirbheachas a ghuidhe do luchd-farpais is do luchd-eagrachaidh a' Mhòid Nàiseanta Rìoghail ann an Loch Abar; agus
- bha sianar thidsearan ùra probhaidh air dreuchdan fhaighinn air feadh na Gàidhealtachd.

Chaidh bhidio a shealltainn dhan Chomataidh cuideachd le fiosrachadh mu dhiofar leasachaidhean is iomairtean.

5. Aithisg PRMS

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/12/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeon a leanas a thogail:-

- chaidh moladh a dhèanamh air na coileanaidhean gu ruige seo agus bha Buill a' coimhead air adhart ri soirbheachas leantainneach;
- leis na toraidhean matha a bha air an coileanadh ann an sgoiltean, bha e cudromach gun robh seo air innse dhan fheadhainn a bha a' libhrigeadh Gàidhlig;
- bha Comhairle na Gàidhealtachd air thoiseach a thaobh solar Foghlam tron Ghàidhlig ann an Alba agus b' e adhbhar moit a bha sin;
- dheigheadh mion-fhiosrachadh mu thoraidhean nan deuchainnean a thoirt do na comataidhean iomchaidh, co-dhiù is e Comataidh an Fhoghlaim no Comataidh na Gàidhlig;
- bha e cudromach sealltainn cho farsaing is cho diofaraichte 's a bha a' Ghàidhlig ann an coimhearsnachdan na Gàidhealtachd, chan ann a-mhàin a thaobh foghlam ach cuideachd ann an raointean a leithid spòrs is cur-seachad; agus
- seach gun robh targaidean gan coileanadh, chaidh faighneachd co-dhiù a bha am plana àrd-amasach gu leòr.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- i. dhan aithisg; agus
- ii. dhan chunntas às ùr a thaobh ionnsachadh Gàidhlig inbheach.

6. Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/13/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Thug oidean agus sgoilearan Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd seachad taisbeanadh do Bhuill le fiosrachadh mu eachdraidh na sgoile agus mar a chaidh a stèidheachadh an toiseach, mar aon de na ciad eisimpleirean ann an Alba. Bha i a-nis a' comharrachadh a 25^{mh} ceann-bliadhna agus thar na h-ùine sin bha i air sgilean is ciùird nan daoine òga a thoirt air adhart tro chuid de na h-oidean is dhen luchd-ciùil as cliùitiche a tha an lùib ceòl traidiseanta na h-Alba. Bha an Sgoil Chiùil air a bhith soirbheachail dha-rìribh agus chaidh eisimpleirean de choileanaidhean a thoirt seachad. Mhìnich na sgoilearan a bha an làthair mar a bha an Sgoil Chiùil a' còrdadh riutha agus, ged a bha iad ag aithneachadh gun robh dùbhlann an lùib a bhith a' fàgail na dachaigh, bhrosnaich iad daoine òga eile an cothrom a ghabhail nan tigeadh e am bàrr.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh taing a thoirt do na riochdairean bho Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd airson a bhith an làthair aig a' Chomataidh. Chuir an Comhairliche Caimbeul an cèill gun robh i moiteil a bhith an measg nam Ball Ionadail agus bha i toilichte gun robhar a-nis a' dol air adhart le obair-leasachaidh air an sgoil, an raon-cluiche agus an ostail, agus bha feum mhòr air an leasachadh;
- bha a bhith a' frithealadh na Sgoil Chiùil air cothroman fhosgladh do dhaoine òga gus dreuchd ann an ceòl traidiseanta a leantainn, nam biodh iad airson sin a dhèanamh;
- chaidh aithneachadh gum feumadh na daoine òga a bhith dealasach. Ach, bha seo mar a bu trice a' dol an lùib deagh chlàr acadaimigeach cuideachd;
- bha an Sgoil Chiùil a' tabhann cothrom aire a chumail air obair acadaimigeach a bharrachd air a bhith a' leasachadh an tàlaint còmhla ri feadhainn eile;
- bha an Sgoil Chiùil a' toirt cothrom seachad tàlant sa Ghàidhealtachd a thaisbeanadh; agus
- bha seo na shàr eisimpleir dhen choimhearsnachd iomlanach is fhàilteachail a bha a' Ghàidhlig a' toirt seachad.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh aithne a thoirt dhan cheannardas a chaidh a shealltainn aig Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd gus ùidh fhàs agus a' Ghàidhlig àrach mar phàirt de spiorad na sgoile; agus
- iii. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** do na raointean fàis ann an àireamhan sgoilearan thar 3–18.

7. Co-labhairt Ghàidhlig – Fios air ais

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/14/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- bha am fios air ais coitcheann bhon cho-labhairt air a bhith math agus bha seo na dheagh eisimpleir dhen obair chruaidh a bha Sgioba na Gàidhlig a' gabhail os làimh;
- chaidh ceist a thogail mu na dòighean sam faodadh prìomh Bhuill Chomhairle na Gàidhealtachd a bhith air an toirt an lùib nam prògraman airson co-labhairtean san àm ri teachd aig ìre na bu tràithe;
- chaidh moladh gum bu chòir do Chomhairle na Gàidhealtachd leantainn air adhart leis a seo gus leasachadh na Gàidhlig a bhrosnachadh seach gun robh seo cho cudromach; agus
- chaidh fiosrachadh a shireadh, agus fhaotainn, mun cho-obrachadh a bha air dòigh le buidhnean-gnìomha eile a bha an sàs ann an leasachadh na Gàidhlig.

Às dèidh sin:-

- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan t-suirbhidh iar-thachartais; agus
- DH'AONTAICH** a' Chomataidh na h-ath cheumannan.

8. Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig agus Cunntas às Ùr mu Mhaoineachadh Calpa

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/15/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingeann a leanas a thogail:-

- chaidh faighneachd co-dhiù a dh'fhaodadh am maoineachadh seo a bhith air a chleachdadh cuideachd gus taic a chur ri ionadan cultarach Gàidhlig. Ach, chaidh innse nach b' e slighe fhreagarrach a bha seo ach gum faodadh urrasairean nan ionadan iarrtas maoineachaidh fa leth a chur a-steach gu Riaghaltas na h-Alba;
- bha e na bhriseadh-dùil nach robh Comhairle na Gàidhealtachd air am maoineachadh air fad a chaidh iarraidh fhaotainn, a' gabhail ealla do bhuidh na Gàidhealtachd ann a bhith a' toirt na Gàidhlig air adhart ann an Alba. Bha geàrr-shuimeannan ann am maoineachadh a' toirt buaidh air nithean eile agus bha ro-phlanadh a' ciallachadh nach b' urrainn do mhaoineachadh a bhith mean air mhean;
- bha e riatanach brosnachadh a thoirt do Riaghaltas na h-Alba an-dràsta agus san àm ri teachd tuilleadh ghoireasan a thoirt seachad gus cànanan dùthchasach a chur air adhart; agus
- bha e cudromach gun robh fios aig a' phoball ciamar a bhathar a' cleachdadh Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig sa Ghàidhealtachd.

THUG a' Chomataidh **FA-NEAR**:-

- do na trì pròiseactan agus do na toraidhean a tha air am mìneachadh ann an iarrtas Tabhartas Sònraichte na Gàidhlig;
- dhan phrògram obrach dham bi an tabhartas a' toirt taic agus gu bheil iad seo air an atharrachadh seach nach deach an t-suim iomlan fhaotainn; agus
- dhan mheudachadh san tabhartas Ghàidhlig a tha air a thabhann le Riaghaltas na h-Alba.

9. Bile nan Cànan Albannach – Dàta Cunntais-shluaigh

Chuartaicheadh Aithisg Àir. G/16/25 leis an Iar-Àrd-Oifigear – Daoine.

Rè na deasbaireachd, chaidh na puingean a leanas a thogail:-

- bhathar fhathast a' feitheamh ri stiùireadh bho Riaghaltas na h-Alba agus, gus am biodh seo ri fhaotainn, cha robh e soilleir ciamar a bu chòir seo a thoirt air adhart gu foirmeil. San eadar-àm, bha e cudromach ùine a thoirt do dh'oifigearan gus mion-sgrùdadh a dhèanamh air fiosrachadh, ag aithneachadh gum biodh obair shusbainteach an lùib seo;
- bha feum air soilleireachadh a thaobh na bha a' cunntadh mar sgìre cànan sònraichte;
- bha Inbhir Nis fìor chudromach a thaobh a bhith a' toirt fàs air a' Ghàidhlig. Fiù 's ged a bhiodh àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig ann an Inbhir Nis gu math brosnachail, math dh'fhaodte gun robh feadhainn ann nach robh airson a ràdh gun robh sgilean Gàidhlig aca;
- bhiodh àireamh shusbainteach de luchd-labhairt Gàidhlig san Eilean Sgitheanach cuideachd;
- mar a bha an sluagh a' fàs na bu shine, bha luach a' chànain dhùthchasaich aca fhèin a' fàs; agus
- bha a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig aig aois òg a' toirt comas do dhaoine cànanan eile a thogail na bu luaithe.

Às dèidh sin:-

- i. **THUG** a' Chomataidh **FA-NEAR** dhan aithisg;
- ii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh gun tèid tuilleadh measaidh a dhèanamh air uàrdan taghaidh a tha a' dol thairis air stairsneach 20% nan sgilean Gàidhlig agus uàrdan a tha a' tighinn faisg air an stairsnich 20%; agus
- iii. **DH'AONTAICH** a' Chomataidh na h-ath cheumannan a tha air am mìneachadh ann an earrainn 8 dhen aithisg.

Chrìochnaich a' choinneamh aig 3.40f.